

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/8/26

Comhairle na Gàidhealtachd

Comataidh: Gàidhlig

Ceann-latha: 3 Ògmhios 2026

Tìotal Aithisge: Aithisg Adhartais Achd nan Cànan Albannach – Sgìrean Cànan Sònraichte

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e adhbhar na h-aithisge seo cunntas às ùr a thoirt do Chomataidh na Gàidhlig mu bhuilean [Achd nan Cànan Albannach 2025](#), gu sònraichte am frèam-obrach reachdail ùr airson a bhith ag ainmeachadh Sgìrean Cànan Sònraichte (SCS), agus cuideachd mìneachadh a thoirt seachad a thaobh na dòigh-obrach a thathar a' moladh airson Comhairle na Gàidhealtachd.
- 1.2 Chaidh pàipear a chur fa chomhair Sgioba Stiùiridh Corporra Chomhairle na Gàidhealtachd sa Ghiblean 2026 a' sireadh aonta a dhol air adhart le dòigh-obrach làn-ùghdarrais a thaobh a bhith ag ainmeachadh SCS. Dh'aontaich an Sgioba Stiùiridh Corporra ris an dòigh-obrach seo, ag aithneachadh gur e seo an fhreagairt as ciallaiche, as gèilliche agus as seasmhaiche dhan stiùireadh reachdail a chuir Ministearan na h-Alba a-mach sa Mhàrt 2026.
- 1.3 Tha an aithisg seo a' mìneachadh na feallsanachd airson dòigh-obrach làn-ùghdarrais agus a' cur an cèill mar a dh'fhaodadh seo a bhith air a libhrigeadh tro fhrèam-obrach a tha stèidhichte air àiteachan. Tha an aithisg cuideachd a' toirt am follais gu bheil cothroman ro-innleachdail an lùib na dòigh-obrach seo a thaobh leasachadh na Gàidhlig, foghlam, coimhearsnachdan agus fàs eaconamach.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
 - i. Toirt fa-near do dh'ullachaidhean Achd nan Cànan Albannach 2025 a thaobh Sgìrean Cànan Sònraichte;
 - ii. Toirt fa-near gu bheil an Sgioba Stiùiridh Corporra air dòigh-obrach làn-ùghdarrais aontachadh a thaobh SCS;
 - iii. Aontachadh gu bheil ainmeachadh làn-ùghdarrais, le taic bho fhrèam-obrach a tha stèidhichte air àiteachan, a' toirt seachad na dòigh as co-rèiriche agus as èifeachdaiche gus SCS a bhuileachadh sa Ghàidhealtachd;
 - iv. Aontachadh gum molar dhan làn-Chomhairle gun tèid Sgeama Tiomnaidh Chomataidh na Gàidhlig atharrachadh gus dleastanas a shuidheachadh airson a bhith a' stiùireadh phròiseasan ainmeachaidh nan Sgìrean Cànan Sònraichte.

- v. Toirt fa-near gun tèid aithisgean a bharrachd a thoirt chun na Comataidh a thaobh cheumannan libhrigidh, riaghlachas is co-chomhairleachadh.

3. Builean

3.1 Goireas

Tha Riaghaltas na h-Alba air maoinachadh £1.5 millean a chomharrachadh airson taic a chur ri pròiseasan SCS gu nàiseanta. Aig àm sgrìobhaidh, chan eil fiosrachadh ri fhaotainn mu ullachaidhean maoinachaidh. Thathar an dùil gum bi feumalachdan goireis do Chomhairle na Gàidhealtachd a' buntainn gu ìre mhòir ri stiùireadh prògram, dàta is mapadh, com-pàirteachas is co-chomhairleachadh, agus amalachadh le aithris làithreach Plana na Gàidhlig. Bidh meud a' ghoireis a bharrachd an crochadh air astar buileachaidh agus air na dùilean a bhios ann thar diofar sgìrean.

3.2 Laghail

Tha Achd nan Cànan Albannach 2025 a' toirt a-steach dleastanasan reachdail a tha ga chur mar riatanas air ùghdarrasan ionadail beachdachadh air Sgìrean Cànan Sònraichte agus an ainmeachadh taobh a-staigh raointean-ama stèidhichte. Tha dòigh-obrach làn-ùghdarras a' dèanamh cinnteach gu bheil a' gèilleadh ris an Achd fhad 's a thathar a' seachnadh mhòran phròiseasan ainmeachaidh fa leth.

3.3 Cunnart

Tha a bhith a' gabhail ri dòigh-obrach làn-ùghdarras a' maothachadh a' chunnairt gum biodh ainmeachaidhean briste is sgapte ann, nach biodh an stiùireadh air eadar-mhìneachadh ann an dòigh chunbhalach agus nach deigheadh dùilean poileasaidh a bhuileachadh ann an dòigh chothromach thar sgìre na Gàidhealtachd.

- 3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Cha deach cunnartan sam bith a chomharrachadh.

3.5 Gàidhlig

Tha builean brìgheil ann airson na Gàidhlig tro dhòigh-obrach ro-innleachdail, co-òrdanaichte a tha ag aithneachadh cheanglaichean cànanach, foghlamach, eachdraidheil is cultarach thar na Gàidhealtachd.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.

- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

4.3 Measadh Buaidh Amalaichte – Geàrr-chunntas

4.3.1 Chaidh Measadh Buaidh Amalaichte a dhèanamh air 1 Giblean 2026. Chaidh na co-dhùnaidhean a dhèanamh le ùmhlachd do Sgrùdadh is Aonta Manaidseir mar a bha iomchaidh.

4.3.2 Cho-dhùin pròiseas an sgrionaidh gur dòcha gun toireadh e buaidh air eileanan is air coimhearsnachdan dùthchail. Tha làn-mheasadh nam buaidhean seo ga dhèanamh an-dràsta, agus thèid na toraidhean a thoirt gu coinneamh dhen Chomataidh Ghàidhlig san àm ri teachd.

4.3.3 **Sgìre Measadh Buaidh**
Co-ionannachd

Co-dhùnadh Sgrionaidh

- Clann is Daoine Òga – gun bhuidh
- Clann fo bhuidh ciorraim – gun bhuidh
- Inbhich nas sine – gun bhuidh

Sòiseo-eaconamach
Còraichean Daonna
Còraichean is Sunnd
Chloinne

Soirbheach
Gun bhuidh
Soirbheach

Eileanan is
Coimhearsnachdan
Dùthchail air Tìr-mòr
Atharrachadh Gnàth-shìde
Còraichean Dàta

*Chaidh buaidhean soirbheach is mì-
shoirbheach aithneachadh*

Gun bhuidh
Gun bhuidh

5. Achd nan Cànain Albannach 2025 agus Riatanasan SCS

5.1 Tha Achd nan Cànain Albannach 2025 a' cruthachadh frèam-obrach reachdail airson Sgìrean Cànain Sònraichte aithneachadh is ainmeachadh far a bheil làthaireachd bhrioghmhor aig a' Ghàidhlig. Tha an [Stiùireadh reachdail](#) a nochd sa Mhàrt 2026 a' mìneachadh nan slatan-tomhais is a' phròiseis a thèid a chleachdadh airson an ainmeachadh.

5.2 Fon Achd, faodaidh sgìre a bhith air a h-ainmeachadh mar SCS ma choileanas i aon dhen dà chumha bhunaiteach seo:

- (a) Tha àireamh shònraichte de dhaoine aig a bheil sgìlean Gàidhlig san sgìre; no
(b) Chan eil àireamh shònraichte de dhaoine a bhruidhneas Gàidhlig san sgìre ach tha aon no barrachd de na leanas follaiseach innte:
- i. Ceangal eachdraidheil ri cleachdadh na Gàidhlig;
 - ii. Solar de theagasg is ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig;
 - iii. Cur-seachadan sònraichte a thaobh cànain no cultar na Gàidhlig.

5.3 Tòisichidh solarachadh nan SCS do Chomhairle na Gàidhealtachd air 1 Sultain 2026. Bhon cheann-latha sin, tha bliadhna aig a' Chomhairle airson sgìrean sam bith a tha a' coileanadh nan slatan-tomhais ainmeachadh.

5.4 Tha dàta bho Chunntas-sluaigh 2022 a' sealltainn gu bheil sgìlean cànain Gàidhlig de sheòrsa air choreigin aig 8.07 sa cheud de shluagh na Gàidhealtachd a tha trì bliadhna a dh'aois no nas sine.

5.5 Tha uàrd-taghadh Eilean a' Cheò (An t-Eilean Sgitheanach is Ratharsair) a' dol thairis air an 20 sa cheud dhen stairsnich reachdail agus, mar sin, feumar a h-ainmeachadh gu foirmeil san raon-ama reachdail. Tha [Mapadh a' Chunntais-shluaigh](#) cuideachd a' sealltainn gu bheil grunn sgìrean air a' Ghàidhealtachd bhon chunntas-shluaigh a' dol thairis air an 20 sa cheud dhen stairsnich reachdail.

6. Feallsanachd airson Dòigh-obrach Làn-ùghdarrais

- 6.1 Tha an stiùireadh reachdail a' ceadachadh do dh'ùghdarrasan ionadail sgìrean slàna anns na h-ùghdarrasan ionadail ainmeachadh mar Sgìrean Cànain Sònraichte. Tha an dòigh-obrach seo air a mheas freagarrach dha-rìribh do shuidheachadh na Gàidhealtachd.
- 6.2 Dhèanadh ainmeachadh làn-ùghdarrais cinnteach gu bheil gealltanais corporra soilleir ann a tha a' toirt taic dhan Ghàidhlig thairis air sgìre na Gàidhealtachd, ag aithneachadh nach ann a-mhàin ann an àireamh bheag de sgìrean a tha cleachdadh a' chànain, ionnsachadh is cur-seachadan cultarach a' gabhail àite.
- 6.3 Tha an dòigh-obrach seo a' dèanamh cinnteach gum faodar beachdachadh air coimhearsnachd sam bith air a' Ghàidhealtachd airson taic SCS far a bheil i a' coileanadh nan slatan-tomhais ainmeachaidh a tha san Achd, nam measg:
- An àireamh dhaoine le sgilean cànain Gàidhlig
 - Ceanglaichean eachdraidheil ris a' Ghàidhlig
 - Solar foghlaim
 - Cur-seachadan cultarach a thaobh na Gàidhlig
- 6.4 Tha dòigh-obrach làn-ùghdarrais cuideachd a' cur air adhart chothroman làidir airson leasachadh eaconamach. Tha fianais bho sgìrean ann an Gàidhealtachd na h-Èireann a' sealltainn gun toir tasgadh maireannach ann am poileasaidhean cànain taic do na leanas:
- Fàs ann an eaconamaidhean ionadail is roinneil
 - Leasachadh a thaobh obraichean matha ann am foghlam, ann an cultar, sna meadhanan, ann an turasachd agus sna gnìomhachasan cruthachail
 - Slighean làidir a thaobh cosnadh is sgilean
- 6.5 Ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd, tha a bhith a' toirt taic do dh'fhàs na Gàidhlig a' cuideachadh seasmhachd na h-eaconamaidh tro bhith a' cruthachadh chothroman airson obraichean sgileil, a' brosnachadh gleidheadh sluaigh, agus a' neartachadh cheanglaichean eadar foghlam, cultar is iomairt.
- 6.6 Tha leasachadh nan SCS cuideachd a' co-thaobhadh gu làidir leis an tagradh a th' aig Inbhir Nis—a' Ghàidhealtachd airson Cathair-bhaile a' Chultair 2029. Bheireadh dòigh-obrach cho-òrdanaichte a thaobh na Gàidhlig tro SCS taic do lèirsinneachd is cleachdadh na Gàidhlig mar phàirt de dhearbh-aithne chultarach na Gàidhealtachd, a' neartachadh inbhe Inbhir Nis mar ionad chultarach.

Tro bhith a' toirt taic do chànan, do dh'fhoghlam is do chur-seachadan cultarach na Gàidhlig ann an dòigh ro-innleachdail, tha SCS a' cur ri amasan an tagraidh tro bhith a' foillseachadh nan rudan sònraichte a th' anns a' bhaile a thaobh cultar, agus a' cur am meud com-pàirteachadh ann an cur-seachadan cultarach, cuide ri bhith a' toirt taic do dh'iomhaigh chultarach nàiseanta is eadar-nàiseanta Inbhir Nis.

Tha na buannachdan eaconamach a tha an lùib coimhearsnachd bheothail Ghàidhealach, agus a' bhuidh shoirbheachail air sunnd is slàinte-inntinn neach a tha a' gabhail pàirt ann an cur-seachadan cultarach, nam measg a bhith ag ionnsachadh is a' bruidhinn na Gàidhlig, cuideachd a' cur gu sònraichte ri amasan an tagraidh agus ri dòigh-obrach fhad-ùine na Comhairle a thaobh cultar.

7 Frèam-obrach Libhrigidh Stèidhichte air Àite

- 7.1 Ged a bhiodh an t-ainmeachadh a' buntainn ri làn-ùghdarras, bhiodh an libhrigeadh co-rèirichte agus stèidhichte air àite, ag aithneachadh gu bheil inbhean, so-mhaoinean is feumalachdan eadar-dhealaichte a thaobh cànan aig coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd.
- 7.2 Tro dhòigh-obrach a tha stèidhichte air àite, dheigheadh dòchasan is eadar-theachdan a tha stèidhichte air feumalachdan coimhearsnachd a bhuileachadh, seach modail a bhiodh a' cleachdadh aon fhuasgladh airson iomadh ceist. Cuidichidh com-pàirteachadh coimhearsnachd le pròiseas ainmeachaidh nan SCS, a' dèanamh cinnteach gun tèid eòlas ionadail is prìomhachasan coimhearsnachd a chomharrachadh, cuide ri fianaisean staitistigeil is poileasaidh.
- 7.3 Mar eisimpleir:
- An t-Eilean Sgitheanach: Coimhearsnachd làidir far a bheilear a' bruidhinn na Gàidhlig, Foghlam tron Ghàidhlig air a dheagh stèidheachadh, cur-seachadan cultarach agus cleachdadh cànan làitheil. Dh'fhaodadh dùilean is taic SCS a bhith nas àirde ri linn seo.
 - Cataibh: Ceangal eachdraidheil làidir ris a' Ghàidhlig cuide ri cur-seachadan Gàidhlig sa choimhearsnachd a tha a' sìor dhol am meud. Math dh'fhaodte gum bi feum air taic shònraichte an seo, ag amas air leasachadh coimhearsnachd, cothroman ionnsachaidh agus ùrachadh cultarach.
 - Inbhir Nis: Sgìre bailteil le cur-seachadan Gàidhlig a tha làidir agus a' fàs, nam measg Foghlam tron Ghàidhlig a tha stèidhichte agus aig ìrean tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoile is àrd-sgoile; grunn bhuidhnean Gàidhlig; agus an cànan air a dheagh chleachdadh sa choimhearsnachd. Tha ceanglaichean làidir aig Inbhir Nis ris a' Ghàidhlig, agus tha e fhathast na phrìomh àite sa Ghàidhealtachd far a bheil cur-seachadan cultarach, foghlaim is eaconamach na Gàidhlig a' tachairt. 'S dòcha gum biodh feum air dòigh-obrach an seo a bhiodh a' cleachdadh solar foghlaim, leasachadh a thaobh luchd-obrach agus taic airson iomairtean coimhearsnachd is cultarach ann an suidheachadh bailteil.
- 7.4 Tha an dòigh-obrach seo a' leigeil le Comhairle na Gàidhealtachd a bhith a' dèiligeadh ris a seo le subailteachd is le innleachd, a' toirt taic dhan Ghàidhlig far a bheil i làidir, a' toirt taic dhi far a bheil ùidh às ùr innte, agus ag aithneachadh cheanglaichean eachdraidheil is cultarach.

8 Riaghlachas agus Na h-Ath Cheumannan

- 8.1 Tha an t-Àrd-Sgioba-Stiùiridh air aontachadh cumail a' dol le dòigh-obrach làn-ùghdarras agus ullachaidhean riaghlachais iomchaidh a stèidheachadh.
- 8.2 Thèid tuilleadh aithisgean a dheasachadh le oifigearan, a mhìnicheas:
- Ceumannan libhrigidh is clàran-ama
 - Co-chomhairleachadh is planaichean com-pàirteachaidh

- Ullachaidhean riaghlachais agus ceannas na comataidh
- Buaidh air goireasan is air comasachd

- 8.3 Thathar a' sùileachadh gum bi cuideaman is dùbhlain phractaigeach ann dhan Chomhairle nuair a thèid an Achd a chur an sàs. Nam measg, 's mathaid gum bi: barrachd iarrtas airson Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig; buaidh air planadh is meud-comais sgoiltean; agus dùbhlain leantainneach a thaobh a bhith a' fastadh is a' gleidheadh luchd-teagaisg taobh a-staigh luchd-obrach foghlam na Gàidhlig. 'S mathaid cuideachd gum bithear a' sùileachadh barrachd bho sheirbheisean ann a bhith a' meudachadh solar na Gàidhlig a rèir feumalachdan coimhearsnachd is nan SCS. Tha Riaghaltas na h-Alba air maoinachadh taice a ghealltainn airson an Achd a chur an sàs, a' gabhail a-steach pròiseasan SCS, ged nach eil am fiosrachadh gu lèir ri fhaotainn fhathast. Bidh a' Chomhairle a' strì ris a' mhaoineachadh a chosg ann an dòigh a tha amasaichte is co-rèirichte gus taic a thoirt dhan libhrigeadh, agus aig a' cheart àm a' dèanamh measadh leantainneach air buaidh ghoireasan mar a thig an tuilleadh fiosrachaidh am bàrr.
- 8.4 Tha Achd nan Cànan Albannach 2025 cuideachd a' toirt a-steach raon nas fharsaingde de sholaran aig am bi buaidh air obair na Comhairle rè na h-ùine a thèid an leasachadh agus am buileachadh. Nam measg, tha stiùireadh reachdail air foghlam Gàidhlig, slatan-tomhais ùra airson foghlam Gàidhlig, leasachadh a thaobh slatan-tomhais coimhearsnachdan Gàidhlig, agus deasachadh airson ro-innleachd nàiseanta do dh'Albais. Tha a' Chomhairle mothachail mu na feumalachdan a tha a' tighinn am bàrr, agus leanaidh còmhraidhean le Riaghaltas na h-Alba is le com-pàirtichean airson dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh riutha ann an dòigh a tha iomchaidh agus co-òrdanaichte. Gheibh Buill tuilleadh fiosrachaidh nuair a thèid a sgaoileadh agus mar a thèid rudan a chur an sàs.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha:

Ùghdar: Eoina Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: Eàrr-ràdh 1 – Sgrionadh Measadh Buaidh Amalaichte

Integrated Impact Assessment Screening

This Impact Assessment is marked as confidential or sensitive. If you intend to share this document please check with the Responsible Manager who this can be shared with.

About proposal

What does this proposal relate to? Policy, Strategy, Action or delivery plan, Redesign or change to existing service

Proposal name: Designation of Areas of Linguistic Significance

High level summary of the proposal: Areas of Linguistic Significance (ALS) are a new statutory designation introduced by the Scottish Languages Act 2025.

They identify locations where Gaelic has either:

- A significant number of people with Gaelic language skills, defined legally as 20% or more of the local population (using census data)

or

- An important historical, cultural, educational or linguistic connection to Gaelic. This includes areas where:

In effect, an ALS is a geographically defined area where support for Gaelic will be recognised formally in law for targeted support and policy intervention.

Who may be affected by the proposal? Highland Council residents, particularly those living in areas where high levels of Gaelic skills are reported in the community.

Pupils enrolled in Gaelic Education.

Gaelic community members.

Start date of proposal: 01/09/2026

End date of proposal: 01/09/2027

Does this proposal result in a change or impact to one or more Council service? Yes

Which Council services will be impacted by this proposal? Corporate, People

Does this relate to an existing proposal? No

Author details

Name: Eoina Rodgers

Job title: Gaelic Policy Officer

Email address: Eoina.Rodgers@highland.gov.uk

Service: People

Responsible officer details

Name: Lena Walker

Job title: Education Support Officer

Email address: lena.walker@highland.gov.uk

Sign off date: 2026-04-01

Equalities, poverty, and human rights

Protected characteristics

Select what impact the proposal will have on the following protected characteristics:

Sex: No impact

Age: No impact

Disability: No impact

Religion or belief: No impact

Race: No impact

Sexual orientation: No impact

Gender reassignment: No impact

Pregnancy and maternity: No impact

Marriage and civil partnership: No impact

Protected characteristics impact details: No impacts have been identified for people with protected characteristics because the designation of Areas of Linguistic Significance relates solely to place based linguistic and cultural factors, rather than characteristics of individuals or groups. The policy applies equally to all residents within a designated area and no evidence suggests it would advantage or disadvantage any protected group.

Poverty and socio-economic

What impact is the proposal likely to have on the following?

Prospects and opportunities: Positive

Places: Positive, Negative

Financial: No impact

Poverty and socio-economic impact details: The designation of Areas of Linguistic Significance

may positively influence access to education, employment and training by strengthening local provision, attracting investment and improving co-ordination of Gaelic opportunities. However, there may also be indirect impacts where existing barriers such as transport, childcare, digital access or limited services in rural areas exist, meaning some individuals could benefit more than others.

Similarly, communities experiencing higher levels of deprivation or rural fragility may see benefits through targeted support and increased activity, but there is also potential for uneven impacts if infrastructure, such as affordable housing or public transport, cannot meet increased demand.

Human rights

Which of the below human rights will be affected by this proposal? Article 10: Freedom of expression, Article 14: Protection from discrimination

What impact do you consider this proposal to have on the human rights of people? Positive

Human rights impact details: These human rights impacts will be positive because the public consultation will give individuals and communities meaningful opportunities to shape how Areas of Linguistic Significance are developed and delivered. This participatory approach helps to strengthen access to education, protect people from discrimination and support freedoms of thought, belief and expression - including the right to express oneself in one's own language, which will likely be reinforced through increased opportunities to use and learn Gaelic.

Equalities, poverty and human rights screening assessment

What impact do you think there will be to equalities, poverty and human rights? No impact

Is a Full Impact Assessment required? No

Children's rights and wellbeing

What likely impact will the proposal have on children and young people? Children are likely to benefit from the designation of Areas of Linguistic Significance through increased access to extracurricular Gaelic activities and the potential expansion of Gaelic educational opportunities. Strengthening place based support for Gaelic, as envisaged through the Scottish Languages Act 2025, promotes wider availability of Gaelic learning, community programmes and cultural participation - all of which increase children's opportunities to develop Gaelic skills.. In areas where Gaelic Education or community based Gaelic activity already exists, the designation may further support growth in provision, helping children to access high quality learning pathways and enriched cultural experiences.

Which of the below children's rights will be affected by the proposal? You are working in the best interests of the child (Article 3), Children have a right to education (Article 28), Children have the right to relax, play and take part in a wide range of cultural and artistic activities (Article 31)

Explain how the children's rights selected above will be affected: The designation of Areas of Linguistic Significance is likely to have a positive impact on children's rights by expanding opportunities for them to participate meaningfully in decisions that affect them through the planned public consultation. This aligns with children's rights to be heard in matters concerning their lives and communities. In addition, increased access to Gaelic cultural events, community activities and

learning opportunities strengthens children's rights to participate in cultural life and express their identity, supporting wider principles.

Children's rights and wellbeing screening assessment

What impact do you think there will be to children's rights and wellbeing? Positive impact

Is a Full Impact Assessment required? No

Data protection

Will your proposal involve processing personal data? Yes

Is any of this data already processed by the Highland Council? No

What purpose will the data be used for? Public consultation responses to inform the designation process and site-selection.

Data protection screening assessment

What change will there be to the way personal data is processed? No significant change to current processing

Is a Full Impact Assessment required? No

Island and mainland rural communities

Does your proposal impact island and mainland rural communities? Yes

Could people in island and mainland rural communities be affected differently? Yes

How could the impact differ? Island and rural mainland communities may be affected differently by the designation of Areas of Linguistic Significance due to their distinct geographic, demographic and infrastructural contexts. Many areas with strong Gaelic connections are located in remote or island settings, where challenges such as limited transport links, population fragility, reduced access to services and housing pressures may be more pronounced. As a result, while the policy has the potential to bring positive outcomes - such as strengthened Gaelic provision - it may also interact with existing issues in ways that differ from urban or accessible rural areas. An assessment is therefore required to understand how these unique circumstances could influence both the benefits and risks of implementation of ALS.

Have any negative impacts been identified? Yes

Provide details of negative impacts, mitigating actions and the service that is responsible for them: A potential negative impact is that, in some island and rural mainland areas, limited transport, housing availability, service capacity or staffing pressures could make it harder for communities to fully benefit from the designation of Areas of Linguistic Significance.

Island and mainland rural communities screening assessment

What impact do you think there will be to island and mainland rural communities? Minor differences

Is a Full Impact Assessment required? Yes

Climate change

Does the proposal involve activities that could impact on greenhouse gas emissions (CO₂e)? No

Does the proposal have the potential to affect the environment, wildlife or biodiversity? No

Does the proposal have the potential to influence resilience to extreme weather or changing climate? No

Provide information regarding your selection above:

Climate change screening assessment

Have you identified potential impact for any of the areas above or marked any as not known? No

Is a Full Impact Assessment required? No